

Comataidh an Fhoghlaim

SP Paper 657

ED/S2/06/R11

11mh Aithisg, 2006 (Seisean 2)

Dreachd Plana Nàiseanta Gàidhlig

Raon-ùghdarras agus Ballrachd

Raon-ùghdarras:

A bhith a' beachdachadh air agus ag aithris air cùisean a bhuineas ri foghlam sgoile agus ro-sgoile, ris an òigridh agus ri obair shòisealta agus ri cùisean eile a thig fo ùghdarras Ministear an Fhoghlaim agus na h-Òigridh.

Ballrachd:

Iain Mac a' Ghobhainn (Neach-gairm)
Wendy NicAlasdair
Rosemary Ní Bhroin
Am Morair Seumas Dubhghlas-Hamilton (Leas-neach-gairm)
Fiona Hyslop
Mgr Adamh Ingram
Mgr Coinneach Mac an Tòisich
Mgr Frang Mac an Bhiataigh
Dr Elaine Mhoireach

Sgioba Clàrcan na Comataidh

Clàrc na Comataidh

Eugene Windsor

Àrd-leas-chlàrc

Marc Roberts

Leas-chlàrc

Iain MacCamhainn

Dreachd Plana Nàiseanta Gàidhlig

Seo aithisg na Comataidh don Phàrlamaid—

RO-RÀDH

1. Tha Earrann 2(3) de dh'Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 asp 7 ga chur mar fhiachaibh air Bòrd na Gàidhlig co-chomhairle a dhèanamh leis a' Phàrlamaid ann a bhith a' deasachadh dreachd plana nàiseanta na Gàidhlig. Chuir Biùro na Pàrlamaid an dreachd plana nàiseanta Gàidhlig¹ air beulaibh Comataidh an Fhoghlaim air 29 Lùnastal 2006.

2. Ghabh Comataidh an Fhoghlaim fianais bho Ailean Caimbeul (Ceannard) agus Peadar Morgan (Stiùiriche Planadh Cànan) bho Bhòrd na Gàidhlig aig a' choinneimh aice air 27 Sultain 2006 (tha geàrr-chunntas agus an earrann bhon Aithisg Oifigeil den choinneimh sin rin lorg ann an Eàrr-sgrìobhadh A agus B). Fhuair a' Chomataidh cuideachd fianais sgrìobhte a thaobh na dreachd plana nàiseanta bho Chomhairle nan Eilean Siar agus bho Chomhairle Cathair-bhaile Ghlaschu².

DREACHD PLANA NÀISEANTA NA GÀIDHLIG

3. Dh'fhoillsich Bòrd na Gàidhlig dreachd plana nàiseanta na Gàidhlig air 14 Lùnastal 2006 agus tha iad an sàs ann an co-chomhairleachadh oirre gu 10 Samhain 2006. Chumadh trichead coinneamh poblach airson aire a thogail mu fheallsanachd agus amasan a' phlana.

4. Tha an dreachd plana nàiseanta a' sùileachadh suidheachadh far am bi nas motha agus nas motha de dh'Albannaich agus de dhaoine eile a' roghnachadh na Gàidhlig mar chiad chànan, far am bi àireamh nan daoine aig a bheil i mar chànan màthaireil a' sìor fhàs agus cuideachd gum bi cultar na Gàidhlig na phàirt bheòthail de choimhearsnachd ioma-chànanach.

5. Tha am plana a' nochdadh còig prìomh roinnean gnìomha, a' sònrachadh amas anns gach roinn a bu chòir a ruighinn ro 2012 agus tomhas soirbheis a bhios stèidhichte air toradh a' chunntais-sluaigh ann an 2012. Tha geàrr-chunntas dhiubh seo ann an Clàr 1 gu h-ìosal.

Clàr 1: Na còig roinnean gnìomha

Roinn Gnìomha	Amas	Targaid ann an cunntas 2011
Spionnadh	Seasmhachd ann an àireamhan fileantaich na Gàidhlig, cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh agus bun-stèidh a dhaingneachadh airson fàs	1% de dhaoine aois 3 no nas sine ann an Alba comasach air Gàidhlig a bhruidhinn agus 50% de chlann comasach air Gàidhlig a bhruidhinn ann an teaghlaicean far a bheil neach-freagairt a' chunntais-sluaigh a' bruidhinn Gàidhlig, mar chomharradh air ath-thilleadh gluasad cànan (reversing language shift) agus meudachadh buileachadh a' chànan eadar ginealaich
Inbhe	Tuigse san fharsaingeachd gu bheil Gàidhlig	2% de dhaoine ann an Alba le tomhas de dh'eòlas air a' Ghàidhlig, mar chomharradh gu bheil aire agus ùidh a' mhòr-shluaigh

	na buannachd do dhaoine fa leth agus don nàisean gu lèir	innte a' fàs
Foghlam	Solarachadh agus cleachdadh foghlam na Gàidhlig a chur am meud aig gach ìre	1.2% de dhaoine aois 15-24 ann an Alba comasach air Gàidhlig a bhruidhinn mar chomharradh gu bheil foghlam èifeachdach air leudachadh a thoirt air an àireamh phàrantan aig a bheil Gàidhlig
Cultar	Barrachd Gàidhlig ga cleachdadh ann am beatha chultarach na h-Alba	3.5% de dhaoine aois 16-74 a bhios a' cur na Gàidhlig an sàs gu ìre air choireigin, air am fastadh ann an dreuchdan cultarach, na meadhanan agus spòrs, mar chomharradh air neartachadh spionnaidh san roinn chultaraich
Conaltradh	Barrachd Gàidhlig ri faighinn ann am barrachd dhòighean thar nam meadhanan uile	1.1% de dhaoine aois 3 no nas sine ann an Alba comasach air Gàidhlig a leughadh, mar chomharradh air meudachadh eòlais air sgrìobhadh sa Ghàidhlig

6. Anns gach tè de na còig roinnean gnìomha, tha ceithir earrannan gan sònrachadh, le buil ga shùileachadh airson gach tè agus prìomhachasan gnìomha. Tha Bòrd na Gàidhlig den bheachd gur e na h-eileamaidean sin, cruinn còmhla, a nì cinnteach gun tèid plana nàiseanta na Gàidhlig a chur an gnìomh agus ro-shealladh a' phlana a thoirt beò. Tha eisimpleirean de phròiseactan a dh'fhaodar a chur an sàs mu choinneamh gach tè de na fichead earrann rim faighinn ann an Eàrr-sgrìobhadh 1 den phlana.

7. Tha a' Chomataidh mothachail air an adhartas a rinneadh gu ruige seo air deasachadh na dreachd plana. Bu toil leis a' Chomataidh foillseachadh gu bheil iad a' toirt taic do Bhòrd na Gàidhlig agus na h-oidhirpean aige gus Gàidhlig a bhrosnachadh agus a leasachadh agus tha iad a' cur fàilte air sealladh Bòrd na Gàidhlig agus gun do shònraich iad na còig roinnean gnìomha.

8. Tha a' Chomataidh cuideachd mothachail gu bheil an dreachd plana a' sònrachadh phrìomhachasan agus prìomh ghnìomhan anns gach roinn gnìomha. Tha 'Prìomh Bhuidhnean' agus 'Luchd-solair agus Luchd-cuideachaidh' air an ainmeachadh cuideachd. Tha a' Chomataidh a' cur ìmpidh air Bòrd na Gàidhlig, gum bi iad, anns an dreachd dheireannach den phlana, nas mionaidiche a thaobh clàran-ama agus cò na buidhnean air am bi àrd dhleastanas airson nam prìomhachas agus nam prìomh ghnìomh a thoirt air adhart. A chionn gum feum Bòrd na Gàidhlig obair tro bhuidhnean com-pàirteachaidh airson na h-amasan agus cinn-uidhe aca a ruighinn, tha a' Chomataidh den bheachd gum bu chòir plana nàiseanta na Gàidhlig a bhith

ro-innleachdail a thaobh suim a ghabhail air planaichean a tha ann mu thràth agus comasan nam buidhnean a bhios ag obair ann an com-pàirt leotha.

9. Tha a' Chomataidh ag aithneachadh gum feum Bòrd na Gàidhlig a bhith aig ceann gnothaich anns an obair gus cùisean cànan a dhaingneachadh san fhad-ùine agus tha iad a' moladh gun dèan Bòrd an Gàidhlig, mus bi an dàrna bliadhna shlàn aige seachad, mìneachadh nas mionaidiche air an obair a bhios aige fhèin a dh'ionnsaigh plana nàiseanta na Gàidhlig a thoirt gu buil sa mheadhan-ùine (3 – 5 bliadhna).

GNÈ NAM PLANAICHEAN GÀIDHLIG

10. Tha Earrann 3 de dh'Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 asp 7 ag uidheamachadh Bòrd na Gàidhlig gus ùghdarrasan poblach òrdachadh plana Gàidhlig a dheasachadh. Tha a' Chomataidh mothachail gu bheil Bòrd na Gàidhlig air na buidhnean ainmeachadh³ (17 Dàmhair 2006) a dh'fheumas plana Gàidhlig a dheasachadh thar nan trì bliadhnaichean ri thighinn (faic Clàr 2 gu h-ìosal).

Clàr 2: Ùghdarrasan poblach a dh'fheumas plana Gàidhlig a dheasachadh eadar 2006-07 agus 2008-09

2006-07	Riaghaltas na h-Alba, Pàrlamaid na h-Alba, Comhairle nan Eilean Siar, Comhairle na Gàidhealtachd, Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid agus Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean
2007-08	Comhairle Ealain na h-Alba, Ionnsachadh agus Teagasg na h-Alba, Comhairle Maoineachaidh na h-Alba, Institiùd nam Mìle Bliadhna OGE, Ùghdarras Theisteanasan na h-Alba, Caledonian Mac a' Bhruthainn Eta, Dualchas Nàdair na h-Alba, Luchd-sgrùdaidh na Bànrìghe airson Foghlaim, VisitScotland, Coimisean nan Croitearan, NHS nan Eilean Siar agus NHS na Gàidhealtachd is Earra-Ghàidheal
2008-09	Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh, Comhairle Cathair-bhaile Dhùn Èideann, Coimiseanairean na Coilltearachd, Comhairle Cathair-bhaile Ghlaschu, Puirt Adhair na Gàidhealtachd 's nan Eilean Eta, Alba Eachdraidheil, Ùghdarras Pàirc Nàiseanta Loch Laomainn is nan Tròisichean, NHS Mòr-sgìre Ghlaschu, Comhairle Siorrachd Lannraig a Tuath, Poileas a' Chinn a Tuath, Buidheann-dìona Àrainneachd na h-Alba, sportscotland agus Comhairle Shruighlea

11. Tha Clàr 3 a' toirt geàrr-chunntas air na seòrsaichean de bhuidhnean a tha Bòrd na Gàidhlig air sònrachadh a dh'fheumas plana Gàidhlig a dheasachadh.

Clàr 3: Na seòrsaichean de dh' ùghdarrasan poblach a dh'fheumas plana Gàidhlig a dheasachadh eadar 2006-07 agus 2008-09

Àrd-riaghaltas (2)	Pàrlamaid na h-Alba, Riaghaltas na h-Alba
Riaghaltas Ionadail (9)	Comhairle nan Eilean Siar, Comhairle na

	Gàidhealtachd, Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid, Comhairle Cathair-bhaile Dhùn Èideann, Comhairle Cathair-bhaile Ghlaschu, Comhairle Siorrachd Lannraig a Tuath, Comhairle Shruighlea, Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh, Ùghdarras Pàirc Nàiseanta Loch Laomainn is nan Trosaichean
Foghlam agus sgilean (5)	Ionnsachadh is Teagasg Alba, Comhairle Maoineachaidh na h-Alba, Institiùd nam Mìle Bliadhna OGE, Ùghdarras Theisteanasan na h-Alba, Luchd-sgrùdaidh na Bànrìghe airson Foghlaim
NHS (3)	NHS nan Eilean Siar, NHS na Gàidhealtachd is Earra-Ghàidheal, NHS Mòr-sgìre Ghlaschu
Companaidhean a tha gu lèir an seilbh Ministearan na h-Alba (2)	Caledonian Mac a' Bhruthainn Eta, Puirt Adhair na Gàidhealtachd 's nan Eilean Eta
Àrainneachd, cultar agus turasachd (7)	Coimiseanairean na Coilltearachd, Coimisean nan Croitearan, Alba Eachdraidheil, Buidheann-dìona Àrainneachd na h-Alba, sportscotland, VisitScotland agus Comhairle Ealain na h-Alba
Eile (2)	Poileas a' Chinn a Tuath agus Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean

12. Tha a' Chomataidh den bheachd gum biodh e na chuideachadh nam biodh plana nàiseanta na Gàidhlig a' mìneachadh mar a bhuineas ro-innleachd fharsaing Bòrd na Gàidhlig ris an adhbhar a chaidh na buidhnean seo a shònrachadh agus a thaghadh.

13. Tha àireamhan luchd-labhairt na Gàidhlig ag atharrachadh gu mòr eadar sgìrean na h-Alba (bho 70.4% de mhuinntir sgìre ùghdarras Comhairle nan Eilean Siar gu, mar eisimpleir 0.67% ann an sgìre ùghdarras Dhùn Phris is Ghall-Ghàidhealaibh⁴) agus tha seo a' ciallachadh gum feum buidhnean nàiseanta (faic Clàr 3 gu h-àrd) dòigh-obrach 'ioma-ìre'⁵ a chur an sàs oir cha bhi na dòighean-obrach a tha freagarrach ann an àite far a bheil mòran le Gàidhlig freagarrach ann an sgìrean far nach eil uiread de luchd-labhairt ann. Tha e coltach gun tig feum air dòigh-obrach ioma-ìre cuideachd thar nan 32 ùghdarras ionadail – is coltach gum bi plana Gàidhlig a tha freagarrach do Chomhairle nan Eilean Siar gu math eadar-dhealaichte, mar eisimpleir, ri plana airson Dhùn Phris is Ghall-Ghàidhealaibh.

14. Tha a' Chomataidh mothachail gu bheil Bòrd na Gàidhlig "... toilichte facal a sgaoileadh do dhuine sam bith a dh'èisteanas"⁶ agus gun dèan iad oidhirp mhòr a bhith ag obair còmhla ris na h-ùghdarrasan poblach sin aig nach eil gnothach anns na sgìrean far a bheil dualchas Gàidhealach air fhàgail. Ach, tha a' Chomataidh den bheachd gum biodh e chum leas na dreachd plana nàiseanta nan cuireadh Bòrd na Gàidhlig barrachd cudrom air mar a tha iad a' dol a shònrachadh shuidheachaidhean far am b' urrainnear tòiseachadh air

Gàidhlig a chleachdadh. Gu dearbh, mhol a' Chomataidh atharrachadh air Bile na Gàidhlig (Alba) a thaobh seo san aithisg Ìre 1⁷ aice (paragraf 14). Ghabh Riaghaltas na h-Alba ri moladh na Comataidh agus dh'atharraich iad am Bile (earrann 3(3)) aig Ìre 2. Tha a' Chomataidh mothachail gu bheil stiùireadh an cois na dreachd plana nàiseanta gus a bhith a' cuideachadh buidhnean poblach le deasachadh phlanaichean Gàidhlig ach tha iad den bheachd, ma tha am plana gu bhith fìor nàiseanta, gum feum aire nas motha thoirt anns an stiùireadh air àiteachan far nach eil ach beagan Gàidhlig ga chleachdadh, gus sealltainn mar a b' urrainnear iarrtas air seirbheisean Gàidhlig a bhrosnachadh. Ann a bhith a' moladh seo tha a' Chomataidh airson dèanamh soilleir gu bheil iadsan a' faicinn dleastanas Bòrd na Gàidhlig a bhith a' brosnachadh agus a' freagairt iarrtasan airson Gàidhlig seach a bhith ag àithneadh bhuidhnean a bhith a' gèilleadh riutha.

LEASACHADH EACONAMACH

15. Tha a' Chomataidh mothachail gum bi lomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean am measg a' chiad sreath de bhuidhnean poblach a dh'fheumas plana Gàidhlig a dheasachadh. Ach, chan eil iad den bheachd gu bheil dreachd plana nàiseanta na Gàidhlig a' cur cudrom gu leòr air mar a dh'fhaodadh leasachadh na Gàidhlig cur ri cothroman eaconamach ann an Alba. Tha a' Chomataidh a' cur fàilte air Bòrd na Gàidhlig a bhith ag ràdh: "Mura h-eil sinn air an ceangal eadar leasachadh cànan agus leasachadh eaconamach a dhèanamh soilleir gu leòr, cuiridh sinne sin ceart oir tha am Bòrd làidir den bheachd gu bheil leasachadh eaconamach cudromach agus gu bheil cànan aig cridhe leasachaidh eaconamaich"⁸.

FOGHLAM

16. Anns an aithisg Ìre 1 aice air Bile na Gàidhlig (Alba), bha a' Chomataidh den bheachd "gum bi ro-innleachd nàiseanta iomlan airson libhrigeadh foghlaim Ghàidhlig (bho ro-sgoil gu foghlam adhartach agus àrd-fhoghlam) na pàirt riatanach do leasachadh na Gàidhlig anns an fhad-ùine" (paragraf 39).

17. Mar sin tha a' Chomataidh toilichte gu bheil am plana ag aithneachadh cho fìor chudromach 's a tha foghlam le bhith ga dhèanamh na phrìomh roinn gnìomha. Bha a' Chomataidh cuideachd toilichte gun deach ro-innleachd foghlaim nàiseanta, le raon farsaing de phrìomh ghnìomhan, a chur an cois dreachd plana nàiseanta na Gàidhlig.

18. Tha a' Chomataidh cuideachd toilichte gu bheil Bòrd na Gàidhlig air cùisean fìor riatanach a shònrachadh a thaobh trèanadh, solarachadh agus taic luchd-teagaisg. Ach, bu toil leis a' Chomataidh barrachd fiosrachaidh mhionaidich fhaicinn sa phlana nàiseanta air mar a thèid na prìomhachasan a tha iad ag ainmeachadh a thoirt air adhart agus cò a nì iad. Tha a' Chomataidh mothachail gur e an targaid mhòr air foghlam airson 2011 (faic Clàr 1 gu h-àrd) an t-aon chlàr-ama airson adhartas ann am foghlam a tha ri fhaighinn sa phlana.

19. Tha a' Chomataidh a' moladh do Bhòrd na Gàidhlig, mus cuir iad crìoch air a' phlana, gum beachdaich iad air clàran-ama a stèidheachadh (far a bheil sin iomchaidh) airson cuin a thèid na gnìomhan a dh'ainmicheadh san ro-innleachd nàiseanta foghlam Gàidhlig a thoirt gu buil, agus mineachadh nas soilleire a dhèanamh air cò na buidhnean air am bi dleastanas airson prìomhachasan agus prìomh ghnìomhan a choileanadh.

20. Tha a' Chomataidh mothachail air an fhianais sgrìobhte a chuir Comhairle nan Eilean Siar thuice a tha a' bruidhinn air feum rèiteach a dhèanamh eadar brosnachadh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus seasmhachd sgoiltean ionadail – "...tha cuid de phàrantan ann nach cuir an cuid cloinne fiù's astar goirid do sgoil Ghàidhlig ma chuireas sin seasmhachd sgoil a' bhaile aca fhèin fo bhagairt"⁹. Tha a' Chomataidh a' brosnachadh Bòrd na Gàidhlig a bhith ag obair còmhla ri ùghdarrasan ionadail, Riaghaltas na h-Alba agus buidhnean buntainneach sam bith eile gus rèiteach a lorg eadar iarrtasan airson foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus ro-innleachd oighreachd nan sgoiltean san fharsaingeachd.

COITCHEANN

21. Nuair a bheachdaich a' Chomataidh air prionnsabalan coitcheann Bile na Gàidhlig (Alba)¹⁰, bha iad "...glè mhothachail air cho cugallach 's a tha staid na Gàidhlig agus gu bheil feum air a dìon agus a leasachadh gun dàil" (paragraf 8).

22. Tha a' Chomataidh a' toirt taic do ro-shealladh na dreachd plana nàiseanta mar a tha e ga mhìneachadh ann am paragraf 4 gu h-àrd agus a' brosnachadh Bòrd na Gàidhlig cumail an tùs chùisean gus cleachdadh na Gàidhlig a chur am meud air feadh na h-Alba. Tha a' Chomataidh den bheachd gun gabhadh plana nàiseanta na Gàidhlig a bhith nas mionaidich a thaobh mìneachadh de shaoileas Bòrd na Gàidhlig a bu chòir dèanamh airson Gàidhlig a bhrosnachadh agus a leasachadh. A thuilleadh air sin, tha a' Chomataidh a' moladh gum bi Bòrd na Gàidhlig nas dealasaiche sa phlana airson cudrom a chur air an fhìor fheum a bhith gnìomhach gun dàil a thaobh Gàidhlig a bhrosnachadh agus a leasachadh.

Footnotes:

¹ Ri fhaighinn aig <http://www.bord-na-gaidhlig.org.uk/plananaiseantanagaidhlig.html>

² Tha an dà sgrìobhainn seo rim faighinn ann am pàipearan coinneamh Comataidh an Fhoghlaim air 27 Sultain 2006 agus chithear iad aig <http://www.scottish.parliament.uk/business/committees/education/papers-06/edp06-19.pdf>

³ Faic am fios-naidheachd aig <http://www.bord-na-gaidhlig.org.uk/Default.aspx.LocID-%20%20%20006new012%20%20%20.RefLocID-00600f006.Lang-GA.htm>

⁴ Cunntas-sluaigh na h-Alba 2001, Clàr UV12, Prìomh Oifis Chlàran na h-Alba.

⁵ Caimbeul, Comataidh an Fhoghlaim, Aithisg Oifigeil, 27 Sultain 2006, colbh 3459.

⁶ Caimbeul, Comataidh an Fhoghlaim, Aithisg Oifigeil, 27 Sultain 2006, colbh 3474.

⁷ Foillsichte air 26 Faoilleach 2005 agus ri fhaighinn aig: <http://www.scottish.parliament.uk/business/committees/education/reports-05/edr05-02-01.htm>

⁸ Caimbeul, Comhairle an Fhoghlaim, Aithisg Oifigeil, 27 Sultain 2006, colbh 3468.

⁹ Comhairle nan Eilean Siar, fianais sgrìobhte. Faic an ceangal ann am fo-nota 1.

¹⁰ <http://www.scottish.parliament.uk/business/committees/education/reports-05/edr05-02-01.htm>